

## **Sanas Prìobhaideachd – Foillseachadh Fiosrachadh Pearsanta**

Tha dleastanas air Bòrd na Gàidhlig fo Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 (an t-Achd) airson na Gàidhlig adhartachadh agus a leasachadh.

Tha an sanas prìobhaideachd seo a’ mìneachadh dè na suidheachaidhean anns am faod Bòrd na Gàidhlig fiosrachadh pearsanta fhoillseachadh leithid ann am foillseachadh didseatach no lethbhreac cruaidh agus air na meadhanan sòisealta.

### **Dè am fiosrachadh a thèid a thional?**

Mar bhuidheann a’ raoin phoblaich air a bheil uallach airson adhartachadh na Gàidhlig, bidh Bòrd na Gàidhlig a’ foillseachadh farsaingeachd de dh’fhiosrachadh anns a bheil dàta pearsanta bho ghrunn dhiofar sheòrsa de chuspairean dàta. Tha iad seo a’ gabhail a-steach:

- Dealbhan de luchd-cosnaidh agus fiosrachadh a bhuineas ris an dreuchd aca mu choinneamh a’ phobaill. Far a bheil luchd-cosnaidh nam buill àrd-luchd-obrach, thèid fiosrachadh mu thuarastal fhoillseachadh cuideachd anns an aithisg bhliadhnail;
- Dealbhan agus fiosrachadh mun fheadhainn a tha ag ionnsachadh na Gàidhlig no a tha nam pàirt de choimhearsnachd na Gàidhlig. Faodaidh seo a ghabhail a-steach mar a tha daoine air an sgilean Gàidhlig a leasachadh, an t-eòlas a th’ aca mar luchd-ionnsachaidh no luchd-labhairt na Gàidhlig, na tha iad air cur ri leasachadh cànan no cultar na Gàidhlig, agus na miannan aca a thaobh na Gàidhlig;
- Dealbhan agus fiosrachadh eile mu dhaoine a tha ag obair còmhla ri no a’ toirt taic dha Bòrd na Gàidhlig no iomairtean Gàidhlig. Dh’fhaodadh seo a ghabhail a-steach buidhnean com-pàirteachais, cho math ri daoine fa leth a tha an sàs ann an tachartasan no pròiseactan. Bidh fiosrachadh sam bith a thèid a thional an-còmhnaidh a’ buntainn gu sònraichte ris a’ ghnìomhachd leis a bheil iad an sàs.

Far a bheil dealbhan air an cruinneachadh, bidh sinn cuideachd a’ cruinneachadh fiosrachadh conaltraidh bunaiteach (mar as trice ainm agus seòladh puist-d) gus dèanamh cinnteach gu bheil sinn comasach air cumail ri iarrtasan cuspair dàta sam bith a thig na dhèidh.

Tha Bòrd na Gàidhlig cuideachd buailteach do reachdas saorsa an fhiosrachaidh (FOI) agus foillsichidh iad fiosrachadh pearsanta a chaidh iarraidh mura h-eil saoradh ann. Tha seo air a mhìneachadh nas fhaide anns an earrann gu h-ìosal.

### **Ciamar a bhios Bòrd na Gàidhlig a’ cleachdadh an fhiosrachaidh agam?**

Thèid am fiosrachadh pearsanta agaibh a chleachdadh airson adhbharan adhartachaidh a’ gabhail a-steach foillseachaidhean lethbhreac cruaidh agus air-loidhne.

Far a bheil sibh nur neach-obrach, thèid am fiosrachadh agaibh a chleachdadh cuideachd airson adhbharan riaghlaidh chorporra leithid ullachadh aithisgean bliadhna agus a' freagairt iarrtasan airson fiosrachadh.

Far an gabh neach aithneachadh bho theacsa no dealbhan, mar is trice bidh Bòrd na Gàidhlig a' dèiligeadh ris an fhiosrachadh phearsanta agaibh stèidhichte air ur n-aonta agus bidh iad gu h-àbhaisteach ag iarraidh oirbh ur n-ainm a chur ri foirm ag ràdh gu bheil am fiosrachadh san t-sanas seo ri làimh dhuibh agus gu bheil sibh a' toirt aonta gun cleachdar am fiosrachadh pearsanta agaibh airson an adhbhair seo. **Thoiribh fa-near, ge bith dè an dàimh a th' agaibh ri Bòrd na Gàidhlig, nach fheum sibh ur cead a thoirt seachad mura h-eil sibh airson pàirt a ghabhail.** Faodaidh sibh ur n-aonta a thoirt air ais uair sam bith.

Airson gnìomhan sam bith co-cheangailte ri riaghladh corporra, 's e a' bhunait laghail airson a bhith a' giùllachd fiosrachaidh gu bheil e riatanach airson coileanadh a choileanadh a chaidh a dhèanamh airson leas a' phobaill no ann an cleachdadh an ùghdarras oifigeil a tha air a bhuileachadh air an rianadair. Bidh seo a' gabhail a-steach fiosrachadh fhoillseachadh mu thuarastal anns an aithisg bhliadhna.

Dh'fhaodadh gum bi beagan shuidheachaidhean ann anns an tèid dàta pearsanta a ghiullachd a' cleachdadh na bunait laghail com-pàirtean dligheach oir tha e gu leas Bòrd na Gàidhlig a bhith comasach air cànan is cultar na Gàidhlig adhartachadh gu h-èifeachdach. Bidh seo mar is trice far nach gabh daoine aithneachadh gu furasta, no far an robh àireamh mhòr de dhaoine a' gabhail pàirt ann an tachartas agus nach robh e comasach cead fhaighinn bho gach neach fa leth, no far a bheil sibh nur neach-obrach aig Bòrd na Gàidhlig. Tha seo air adhbhar 's nach gabh cead a chleachdadh mar bhunait laghail le fastaichean gus fiosrachadh pearsanta mun luchd-obrach aca a ghiullachd.

Aig tachartasan far a bheil àireamh mhòr de dhaoine agus tha dealbhan gan togail às leth Bhòrd na Gàidhlig, bidh an roghainn agaibh an-còmhnaidh ur cur ann an àite nach tèid a ghabhail a-steach ann an dealbhan.

Bidh Bòrd na Gàidhlig cuideachd a' cleachdadh com-pàirtean dligheach gus fiosrachadh sam bith fhoillseachadh a tha air a nochdadh mar fhreagairt ri iarrtas FOI agus, fìor-chorra uair, far a bheil fiosrachadh air fhoillseachadh gu for-ghnìomhach.

### *A' Cleachdadh Fiosrachadh Chloinne*

Tha Bòrd na Gàidhlig moiteil às an obair a bhios e a' dèanamh le Tràth-bhliadhnaichean agus sgoiltean, agus bidh seo tric a' nochdadh anns an fhiosrachadh adhartachaidh againn. Ach tha sinn cuideachd ag aithneachadh gum feumar dèanamh cinnteach gu bheil fiosrachadh pearsanta sam bith co-cheangailte ri cloinn air a dhìon gu h-ìomchaidh agus gu bheil dòighean-obrach ann a dh'fheumar leantainn gus fiosrachadh a chleachdadh mu chloinn ann an stuth adhartachaidh. Tha fiosrachadh air a ghiullachd a' cleachdadh bunait laghail de dh'aonta agus far a bheil pàiste nas òige na 16 bliadhna, feumaidh an t-aonta sin a bhith air a sholarachadh bho chuideigin aig a bheil dleasan pàrant.

## **An tèid am fiosrachadh agam a chur air adhart gu duine sam bith eile?**

Faodaidh Bòrd na Gàidhlig buidheann eile a chur fo chùmhnannt gus gnìomhan adhartachaidh a thionail agus a stiùireadh às ar leth.

Tha rèiteachaidhean giullachd dàta an àite leis a h-uile buidheann a bhios a' dèiligeadh ri fiosrachadh pearsanta às leth Bhòrd na Gàidhlig, a dh'fheumas a bhith air a ghiullachd taobh a-staigh an EEA, no airson dìon iomchaidh a bhith nan àite far a bheil e air a thoirt gu buil le buidheann eadar-nàiseanta.

Tha seirbheis fo chùmhnannt aig Bòrd na Gàidhlig airson Oifigear Dìon Dàta (DPO) a sholarachadh agus dh'fhaodadh gun tèid am fiosrachadh agaibh a ghiullachd am feadh solar na seirbheis sin, mar eisimpleir air adhbhar sgrùdadh a dhèanamh air gèilleadh ri dìon dàta.

**Thoiribh fa-near - dh'fhaodadh gun tèid am fiosrachadh pearsanta agaibh a chur air ar làrach-lìn no uidheam mheadhanan sòisealta. Dh'fhaodadh gun tèid a chur a-steach ann am foillseachadh lethbhreac cruaidh cuideachd. Tha seo a' ciallachadh gu bheil e glè choltach gun tèid am fiosrachadh pearsanta agaibh a ghluasad taobh a-muigh an EFA.**

Bidh ur còraichean (air am mìneachadh gu h-ìosal) fhathast a' buntainn ach nuair a bhios iad air am foillseachadh ann am meadhan sam bith, bidh Bòrd na Gàidhlig cuingealaichte anns an dòigh anns a bheil e comasach air cuid de ur còraichean a chur an gnìomh agus mar a chleachdas luchd fa leth no buidhnean eile am fiosrachadh agaibh an dèidh sin.

## **Dè thachras dhan fhiosrachadh agam nuair nach eil feum air tuilleadh?**

Tha dealbhan agus fiosrachadh adhartachaidh eile air an ath-sgrùdadh gu cunbhalach gus dèanamh cinnteach gu bheil iad fhathast làithreach agus thèid am milleadh nuair nach eil feum orra tuilleadh. Mar is trice bithear a' cumail fiosrachadh co-cheangailte ri luchd-obrach airson sia bliadhna bhon cheann-latha a dh'fhàgas neach-obrach a' bhuidheann ged bu chòir fa-near a thoirt gu bheil feum air cuid fhoillseachaidhean a dh'fheumas Bòrd na Gàidhlig a dhèanamh, an aithisg bhliadhnail na lùib, a chumail gu buan agus gun tèid an cur gu Clàran Nàiseanta na h-Alba airson glèidheadh maireannach.

## **Fiosrachadh a bharrachd**

### *Ur Còraichean*

Mar a chaidh mìneachadh gu h-àrd, faodaidh sibh ur n-aonta a thoirt air ais uair sam bith airson ur fiosrachadh pearsanta a chleachdadh airson adhbharan adhartachaidh. Bu chòir dhuibh a bhith mothachail, ged a bhios Bòrd na Gàidhlig a' sgrùdadh ur fiosrachadh a chleachdadh airson an adhbhair sin anns a' bhad, gur dòcha nach bi e an-còmhnaidh comasach susbaint a thoirt às an raon phoblach, mar eisimpleir nuair a tha e air a chleachdadh ann am foillseachaidhean lethbhreac cruaidh.

Tha an còir agaibh cuideachd air:

- i. iarraidh airson cothrom air an dàta phearsanta agaibh.
- ii. iarraidh ceartachadh air an fhiosrachadh phearsanta agaibh, a' ciallachadh gun urrainnear fiosrachadh pearsanta mearachdach a chur ceart gun dàil. Dh'fhaodadh gum bi cuid shuidheachaidhean ann anns nach urrainn do Bhòrd na Gàidhlig gèilleadh ri iarrtasan airson fiosrachadh a cheartachadh no a mhilleadh, mar eisimpleir ma dh'fheumar fiosrachadh a chumail anns a' chruth thùsail gus dleastanasan laghail a choileanadh. Ma bhuineas seo ri iarrtas a nì sibh, thèid a mhìneachadh dhuibh carson nach urrainn do Bhòrd na Gàidhlig gèilleadh ris an iarrtas, agus cuin a thathar an dùil gun tèid am fiosrachadh a cheartachadh.
- iii. iarraidh gun tèid ur fiosrachadh a sguabadh às nuair a bhios cumhaichean àraidh a' buntainn.
- iv. casg a chur air giullachd fo chumhaichean àraidh.
- v. cuir an aghaidh giullachd;
- vi. gluasad dàta ann an cuid de suidheachaidhean.

### *Gearanan*

Ma tha sibh mì-thoilichte leis an dòigh anns an do làimhsich Bòrd na Gàidhlig ur fiosrachadh pearsanta, tha còir agaibh gearan a chur don Choimiseanair-fiosrachaidh, a tha a' riaghladh reachdas dìon dàta thar na RA. Thèid am fiosrachadh a lorg aig <https://ico.org.uk>.

### **Fiosrachadh Dàlach**

'S e Bòrd na Gàidhlig an Rianadair airson fiosrachadh a chaidh a chruinneachadh agus a giullachd airson adhbharan sruthan-maoineachaidh a riaghladh.

Làrach-lìn: <http://www.gaidhlig.org.uk/bord/en>.

Ma tha ceistean sam bith agaibh a thaobh an t-sanais phrìobhaideachd seo, cuir fios do na leanas anns a' chiad dol a-mach:

Ceann an Ionmhais is Cùisean Corporra/Oifigear Dìon Dàta

Bòrd na Gàidhlig

Taigh a' Ghlinne Mhòir

Rathad na Leacainn

Inbhir Nis

IV3 8NW

[ofis@gaidhlig.scot](mailto:ofis@gaidhlig.scot)

01463 225454

Dreach Version Number	Adhbhar/ Atharrachadh Purpose/Change	Ùghdar Author	Ceann-là Date
V1	Smachd Sgiobhainn air an cur ris is logo BNG	CNI/SB	17/10/2022

## Foillseachadh Aonta

### Foillseachadh Dàta Pearsanta

Eadar

Bòrd na Gàidhlig

agus

Ciad ainm		Sloinneadh	
Seòladh*		Post-d*	
Àireamh fòn*		Ceann-latha	

\*Chan fheum sibh ach aon de na raointean seo a thoirt seachad, air a bheil feum gus cuideachadh ur n-aithne a dhearbhadh ann an conaltradh sam àm ri teachd. Ma tha sibh a' toirt aonta às leth pàiste, cuiribh am fiosrachadh agaibh a-steach gu h-àrd agus fiosrachadh a' phàiste (no nam pàistean) gu h-ìosal.

## Foillseachadh Aonta

Airson fiosrachadh slàn air na h-adhbharan air an liosta gu h-ìosal, faicibh an sanas prìobhaideachd.

Cuir diog sa bhogsa airson gach cleachdadh dealbh/bhidio leis a bheil sibh toilichte, agus cuir ur n-ainm ris an fhoirm.

*Please tick the box of all photo/video uses you consent to, then sign this form.*

Tha mi a' toirt cead do Bhòrd na Gàidhlig an dealbh agam a chleachdadh ann am foillseachaidhean clò-bhuailte agus didseatach, a' gabhail a-steach cuairt-litrichean.

*I give permission for my photograph to be used within Bòrd na Gàidhlig's printed and digital publications, including newsletters.*

Tha mi a' toirt cead do chom-pàirtichean Bhòrd na Gàidhlig dealbhan dhìom a chleachdadh ann am foillseachaidhean clò-bhuailte is didseatach eile.

*I give permission for my photograph to be shared with third parties and used within other printed and digital publications produced by Bòrd na Gàidhlig's partners.*

Tha mi a' toirt cead do Bhòrd na Gàidhlig na dealbhan dhìom a chleachdadh air an làrach-lìn aca.

*I give permission for my images (video or photographs) to be used on Bòrd na Gàidhlig's website or social media platform (such as Instagram, Twitter, Facebook/Meta).*

Tha mi a' tuigsinn nach eil e mar uallach orm pàirt a ghabhail anns an iomairt seo agus nach eil mi fo uallach fiosrachadh pearsanta sam bith a thoirt seachad. Ma cho-dhùineas mi gun phàirt a ghabhail, tha mi a' tuigsinn nach tèid clàr sam bith den cho-dhùnadh sin a chumail.

Tha mi a' tuigsinn gum faod mi m' aonta a thoirt air falbh uair sam bith le bhith a' cur fios gu Bòrd na Gàidhlig [post-d].

Ainm-sgrìobhte

Ceann-latha

### **Fiosrachadh pearsanta a thaobh Clann**

Tha mi a' toirt seachad m' aonta gu bheil uallach pàrant agam airson na cloinne a tha air an ainmeachadh gu h-ìosal (a tha nas òige na 16 bliadhna a dh'aois) agus gu bheil mi a' toirt cead airson am fiosrachaidh phearsanta a chleachdadh, a' gabhail a-steach dealbhan far an tèid an cruinneachadh, airson nan adhbharan a chaidh a mhìneachadh gu h-àrd.

<b>Ainm &amp; Aois</b>		<b>Ainm &amp; Aois</b>	
<b>Ainm &amp; Aois</b>		<b>Ainm &amp; Aois</b>	

Ainm-sgrìobhte

Ceann-latha